

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at roddy.maclean@bbc.co.uk * This is Litir 266.*

An t-seachdain sa chaidh thug sinn sùil air pìos bàrdachd do dh’inhich. Bu mhath leam an t-seachdain seo rann do chloinn a thoirt dhuibh. Agus ma tha clann agaibh ’s dòcha gum biodh e math an rann seo ionnsachadh gus am faigh sibh cothrom a h-aithris còmhla riutha. Chan eil fhios agam co-dhiù tha tìotal oirre – canaidh mi dìreach “Coileach Donn” rithe, oir ’s e sin am beathach a tha a’ nochdadh anns a’ chiad rann.

Seo a’ chiad rann dhuibh agus, mus tèid sinn air adhart, tha mi airson ’s gum bi sibh comasach air innse dè an tuiseal anns a bheil ainm a’ bheathaich:

Coileach donn, coileach donn, coileach donn aig Sìle,

Coileach donn, coileach donn, chaidh e dhan a dìg oirr’.

A bheil an neach-aithris a’ bruidhinn ris a’ choileach no a bheil e a’ bruidhinn mu dheidhinn a’ choilich? Nan robh e a’ bruidhinn ris, ’s ann don tuiseal ghairmeach no *vocative case* a rachadh *coileach* agus chanadh e “a choilich”. Agus leis gum biodh am buadhair ag aontachadh ris an ainmear, bhiodh e air a shèimheachadh is air a chaolachadh. Chanadh e “a choilich dhuinn, a choilich dhuinn”.

Chan e sin a chanas e, ge-tà. Mar sin, tha e a’ bruidhinn mu dheidhinn a’ choilich is dìreach ga ainmeachadh. Tha am facal anns an tuiseal ainmneach no *nominative case*. Coileach donn, coileach donn.

Bheir mi dhuibha’ chiad rann a-rithist a-nise, agus leanaidh mi orm leis a’ chòrr. Chì sibh gu bheilear ag ainmeachadh beathach eadar-dhealaichte anns gach rann. Tha rudeigin eadar-dhealaichte a’ tachairt do gach beathach fa leth.

Coileach donn, coileach donn, coileach donn aig Sìle,
Coileach donn, coileach donn, chaidh e dhan a dìg oirr’.

Coinean glas, coinean glas, coinean glas aig Anndra,
Coinean glas, coinean glas, siud e measg nan deanntag.

Cuilean dubh, cuilean dubh, cuilean dubh aig Sìne,
Cuilean dubh, cuilean dubh, cha bhi e eadhon bìdeadh.

Damh breac, damh breac, damh breac aig Iain,
Damh breac, damh breac, ’s e reamhar mun a’ mheadhan.

Eireag thinn, eireag thinn, eireag thinn aig Anna,

Eireag thinn, eireag thinn, dh'fhàs i lag is tana.

Gèadh liath, gèadh liath, gèadh liath aig Seonag,
Gèadh liath, gèadh liath, chaidh e measg nan tunnag.

Lothag bhàn, lothag bhàn, lothag bhàn aig Ruairidh,
Lothag bhàn, lothag bhàn, ruith e sìos is suas leis.

Luchag bheag, luchag bheag, luchag bheag aig Mairead,
Luchag bheag, luchag bheag, siud i anns a' "larder".

Piseag gheal, piseag gheal, piseag gheal aig Seumas,
Piseag gheal, piseag gheal, chaidh e leath' a chèilidh.

Reithe mòr, reithe mòr, reithe mòr aig Iomhar,
Reithe mòr, reithe mòr, cha do chuir e fiamh air.

Searrach luath, searrach luath, searrach luath aig Seòras.
Searrach luath, searrach luath, chaidh e dhan a dròbh leis.

Uircean buidh', uircean buidh', uircean buidh' aig Pàdraig,
Uircean buidh', uircean buidh', leathann agus làidir.

Sin e. Tha mi an dòchas gun do thuig sibh a' chuid mhòr dhith. Agus mus fhalbh mi, seo rann bheag eile do chloinn air a bheil "Air Chall". Cha leig mi leas dad a ràdh mu a deidhinn ach gum buin i do dhòigh-beatha nach eil aig na h-uimhir an-diugh:

Am faca duine Màiri
Na dh'fhidreadh idir Mòr
O, càit an deacha Pàdraig,
An d' fhuairidh lorg air Pòl?

Cò chartas dhomh a' bhàthach,
Cò bhleognas dhomh a' bhò,
'S gun sgeul air Mòr no Màiri
Air Pàdraig no air Pòl?

Sin e bhuamsa an t-seachdain seo. Mar sin leibh an-dràsta.

* * * * *

Faclan na seachdaine: rann: *verse*; coileach: *cockerel*; dìg: *ditch*; coinean: *rabbit*; cuilean: *puppy*; damh: *stag*; reamhar: *fat, stout*; eireag: *pullet*; gèadh: *goose*; lothag: *small colt*; reithe: *ram*; searrach: *foal*; uircean: *piglet*.

Abairtean na seachdaine: nan robh e a' bruidhinn ris: *if he were speaking to it*; dè an tuiseal anns a bheil ainm a' bheathaich?: *in which (grammatical) case is the animal's name?*;

bhiodh e air a shèimheachadh is air a chaolachadh: *it would be lenited and slenderised*; chan e sin a chanas e: *that's not what he says*; (am) measg nan deanntag: *among the nettles*; dh'fhàs i lag is tana: *she grew weak and thin*; cha leig mi leas: *I don't need to*; na dh'fhidreadh idir Mòr?: *was Mòr searched for?*; an d' fhuair e lorg air Pòl?: *was Paul found?*; gun sgeul air X no Y: *without sight or sound of X or Y*.

Puing-ghràmar na seachdainne: Cò chartas dhomh a' bhàthach?: *who will clean out the byre for me?* Note that with cò in this type of situation we use the relative future form of the verb. This generally, at least with regular verbs, ends in –as. Cò bhleognas a' bhò? (*who will milk the cow?*); cò chanas gu bheil mi gòrach? (*who says I am foolish?*); cò ruitheas/cò bhios a' ruith an dèidh Iain? (*who will run after John?*)

Gnàths-cainnt na seachdainne: cha do chuir e fiamh air: *he didn't frighten him*.

* “*Litir do Luchd-ionnsachaidh*” is funded by Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig